

# Àireamhachd ann an Ealain Chruthachail

**Am Màrt 2023**

Eisimpleirean de cho-theacsaichean airson ionnsachadh tarsainn nan Ealan Chruthachail gus sgilean Àireamhachd a leasachadh.

# Clàr-innse

Ro-ràdh.....	3
Co-theacsaichean ionnsachaidh - Tràth-ìre.....	5
Co-theacsaichean ionnsachaidh - Ciad ìre.....	10
Co-theacsaichean ionnsachaidh - Dàrna ìre.....	18
Co-theacsaichean ionnsachaidh – Treas agus Ceathramh Ìrean.....	26
Ceanglaichean an eadar-lìn.....	31

# Ro-ràdh

Tha curraicealam na h-Alba a' cur cuideam air cho cudromach 's a tha e dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh an sàs ann an ionnsachadh eadar-chuspaireil, far a bheil iad a' cleachdadh sgilean thar diofar raointean de shusbaint agus de cho-theacsaichean. Tha teagasg àireamhachd na dhleastanas aig a h-uile duine. Tha na h-Ealain Chruthachail a' tabhann deagh cothrom àireamhachd a chur ann an co-theacsa do chlann is daoine òga. Thar sreath de chuspairean nan Ealan Chruthachail tha iomadh cothrom ann gus leigeil le luchd-ionnsachaidh an sgilean àireamhachd a chur an gnìomh, agus aig an aon àm a' faighinn tlachd às na cothroman ionnsachaidh intinneach a tha an dà cho-theacsa sin a' solarachadh.



Sgilean Àireamhachd agus Matamataig	Sgilean Ealain Chruthachail
<ul style="list-style-type: none"> <li>• Mìnich ceistean</li> <li>• Tagh agus dèan conaltradh mu phròiseasan agus fuasglaidhean</li> <li>• Fireanaich taghadh de ro-innleachd a chaidh a chleachdadh</li> <li>• Dèan ceangal eadar bun-bheachdan matamataigeach</li> <li>• Cleachd briathrachas matamataigeach agus comharradh</li> <li>• Cleachd sùbailteachd inntinn</li> <li>• Adhbharaich gu h-ailgeabrach</li> <li>• Obraich a-mach dè cho reusanta 's a tha fuasgladh</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cleachd sgilean cruthachail gus pìosan obrach nas iom-fhillte a dhèanamh agus a choileanadh</li> <li>• Aithnich cruthachaileachd agus sgil ann an obair dhaoine eile</li> <li>• Seall barrachd sgilean agus misneachd ann an taisbeanaidhean agus coileanaidhean</li> <li>• Luachadh air mar a tha na h-ealain chruthachail a' buntainn ris an t-saoghal mhòr agus cultaran eadar-dhealaichte</li> <li>• Seall tlachd às na h-ealain chruthachail, mar eisimpleir tro bhith a' luachadh an cuid obrach fhèin agus obair chàich gu cuideachail, agus a' moladh mar a ghabhas a leasachadh.</li> </ul>

Tha an sgrìobhainn seo a' tabhann eisimpleirean de cho-theacsaichean thairis air na h-Ealain Chruthachail far an gabh sgilean àireamhachd a leasachadh gu math agus a' toirt seachad ceanglaichean gu Eòlasan is Builean agus na Slatan-tomhais. Tha cuid de cheanglaichean ann cuideachd ri Eòlasan agus Builean Matamataig, oir faodaidh sgilean sònraichte nan Ealan Chruthachail a bhith a' co-thaobhadh ri Matamataig.

## Ciamar a Thèid an Sgrìobhainn seo a Chleachdadh


Chaidh an sgrìobhainn seo a chruthachadh gus taic a thoirt do luchd-cleachdaidh beachdachadh air mar a nì iad ceanglaichean eadar àireamhachd agus sgilean ealain chruthachail. Tha seo a' gabhail a-steach eisimpleirean air mar as urrainnear sgilean àireamhachd luchd-ionnsachaidh a leudachadh tro cho-theacs ealain chruthachail. Le bhith a' toirt taic do luchd-ionnsachaidh an sgilean àireamhachd a chur an gnìomh ann an diofar cho-theacsaichean bheir sin doimhneachd, anail agus dùbhlàn nan tuigse.


Faodar an sgrìobhainn seo a chleachdadh ann an diofar dhòighean. Faodar na h-eisimpleirean a chleachdadh gus luchd-cleachdaidh a chuideachadh gus beachdachadh air co-theacsaichean fìor agus buntainneach a dh'fhaodar a chleachdadh gus sgilean luchd-ionnsachaidh a leasachadh eadar àireamhachd agus na h-ealain chruthachail. Faodar a chleachdadh cuideachd gus taic a thoirt do ionnsachadh eadar-chuspaireil tro bhith a' planadh phròiseactan sònraichte no tachartasan sgoile. Dh'fhaodadh e cuideachd a bhith air a chleachdadh gus taic a thoirt do chòmhradhean mu na dòighean anns a bheil sgilean àireamhachd agus ealain chruthachail air an teagasg agus na thathar a' sùileachadh air luchd-ionnsachaidh ag obair taobh a-staigh gach aon de na h-ìrean. Tha e cudromach gun toir luchd-cleachdaidh aire do luchd-ionnsachaidh na sgilean a tha iad a' leasachadh an dà chuid ann an àireamhachd agus sna h-ealain chruthachail.


Bu chòir na h-eisimpleirean a tha sa phàipear seo a chleachdadh mar mholaidhean agus tha e cudromach toirt fa-near gur dòcha gum feumar iad sin atharrachadh gus am bi iad freagarrach don luchd-ionnsachaidh leis a bheil sibh ag obair. Is dòcha gum biodh sibh airson ceanglaichean a chur a-steach gu Eòlasan is Builean eile air a bheil sibh a' cur fòcas no nithean sònraichte a thoirt a-mach nach eil iomchaidh don cho-theacs agaibh. Chan fheumar obrachadh tro na h-eisimpleirean ann an òrdugh sam bith.

Far a bheil e iomchaidh, tha sinn air ceanglaichean-lìn a chur a-steach gu goireasan a dh'fhaodadh taic a thoirt dhuibh nur planadh. Tha grunn dhiubh sin a' tighinn bho thùsan bhon taobh a-muigh a bha ceart aig àm foillseachaidh.


## Co-theacsaichean ionnsachaidh - Tràth-ìre

Tràth-ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Tuairmseachadh MNU 0-01a</p> <p>Tomhas MNU 0-11a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' nochdadh <b>sgilean measaidh</b> ann an co-theacsaichean àireimh agus tomhais a' cleachdadh <b>briathrachas ionchaidh</b>, a' gabhail a-steach nas lugha na, nas fhaide na, nas motha na agus co-ionann ri.</li> <li><b>A' dèanamh coimeas agus cunntas</b> air faidean, àirdean, tomad agus comasan <b>a' cleachdadh cainnt làitheil</b>, a' gabhail a-steach nas fhaide, nas giorra, nas àirde, nas truime, nas aotruime, nas motha is nas lugha.</li> </ul>	<p>Nuair a thathar a' cruthachadh mhodailean agus deilbh tha briathrachas matamataigeach air a modaladh agus air a cleachdadh airson cunntas a thoirt air agus coimeas a dhèanamh eadar dealbhaidhean agus feartan.</p> <p>Tha briathrachas co-cheangailte ri tuairmse air a mhodaladh agus air a chleachdadh gus dealbhaidhean a chruthachadh, a choimeas agus atharrachadh.</p>
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Ealain is Dealbhadh EXA 0-02a EXA 0-06a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' clàradh bho eòlasan tarsainn a' churraicealaim, mar eisimpleir, tro amharc agus cuimhneachadh, <b>a' dèanamh modail no dealbh</b> stèidhichte air taobh den àrainneachd nàdarra leithid nithean nàdarra bhon chladach, bhon dùthaich, bho choille.</li> <li><b>A' fuasgladh dhuilgheadasan dealbhaidh simplidh</b>, ag obair leotha fhèin agus còmhla ri daoine eile, a' cleachdadh ìre de <b>dheuchainn agus de mhearachd</b>, mar eisimpleir, a' dealbhadh soitheach simplidh airson adhbhar aontaichte.</li> </ul>	 <p><a href="#"><u>Foghlam Alba: Wakelet A Bhith mar a tha Mi Annam Fhìn tro Chluich le Blocaichean</u></a></p>

Tràth-ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b>            Dàta agus Anailis            MNU 0-20b</p> <p>Pàtranan agus Dàimhean            MTH 0-13a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cleachdadh eòlas air <b>dath, cumadh, meud</b> agus feartan eile gus nithean a mhaidseadh agus a sheòrsachadh ann an diofar dhòighean.</li> <li>• A' dèanamh lethbhreac, a' leantainn agus a' cruthachadh <b>phàtranan</b> simplidh anns a bheil <b>nithean, cumaidhean</b> agus àireamhan.</li> </ul>	<p>Nuair a thathar a' beachdachadh air diofar eisimpleirean de dh'ealain, thathar a' modaladh briathrachas matamataigeach a tha ceangailte ri pàtran, meud, dath agus cumadh airson cunntas a thoirt air na chithear.</p>  <p>Nuair a bhios iad a' rannsachadh phàtranan san t-saoghal mun cuairt orra, bithear a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh an eòlas air dath, cumadh agus meud a chleachdadh gus na dealbhaidhean aca fhèin a chopaidh, a leantainn agus a chruthachadh.</p> <p>Nuair a bhios iad ag obair air duilgheadasan dealbhaidh simplidh dh'fhaodar iarraidh air luchd-ionnsachaidh an eòlas air dath, cumadh agus meud a chleachdadh gus leantainn air adhart agus na dealbhaidhean aca fhèin a chruthachadh.</p> <p><a href="#"><u>Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba - Bòidhchead Matamataig</u></a></p>
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Ealain is Dealbhadh            EXA 0-04a            EXA 0-06a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Ag aithneachadh <b>dath, loidhne, cumadh</b> agus co-dhiù aon eile de na h-eileamaidean lèirsinneach: cruth, tòn, <b>pàtran</b>, inneach.</li> <li>• <b>A' fuasgladh duilgheadasan dealbhaidh sìmplidh</b>, ag obair leotha fhèin agus còmhla ri daoine eile, a' cleachdadh ìre de <b>dheuchainn agus de mhearachd</b>, mar eisimpleir, a' dealbhadh soitheach simplidh airson adhbhar aontaichte.</li> </ul>	

Tràth-ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Àireamh agus Pròiseasan Àireimh MNU 0-02a MNU 0-03a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' cleachdadh co-fhreagartas aon-ri-aon gus àireamh shònraichte de nithean a <b>chunntadh</b> gu 20.</li> <li>A' cleachdadh <b>àireamhan òrdail ann an co-theacsaichean fìor</b>, mar eisimpleir, 'Tha mi san treas àite'.</li> <li>A' cleachdadh <b>nam faclan</b> roimhe, às dèidh agus eadar.</li> </ul>	<p>Nuair a bhios iad a' cruthachadh agus a' coileanadh ghluasadan agus gluasadan-bodhaig turas is a-rithist, bithear a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh briathrachas matamataigeach a chleachdadh gu ceart, mar eisimpleir; <i>an toiseach</i> leumaidh sinn, an uair sin <i>trì</i> buillean <i>mus</i> crùb sinn <i>sìos</i>.</p> <p>Bithear a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh na ceumannan a chunntadh ann an sreathan sìmplidh, uair is uair, a' cumail tim ris a' bhuille.</p>
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Dannsa EXA 0-08a EXA 0-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' coileanadh raon de <b>ghluasadan is ghluasadan-bodhaig</b> sìmplidh, <b>uair is uair</b>, a dh'aona ghnothach.</li> <li>A' taghadh agus a' rannsachadh dhòighean air <b>gluasad gu ruitheamach</b>, gu brìghmhor agus gu spòrsail.</li> <li>A' sealltainn tuigse gu bheil dannsa air a dhèanamh suas de ghluasadan agus gluasadan-bodhaig còmhla, mar as trice air a chluich le ceòl no <b>buille</b>.</li> </ul>	



Tràth-ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Àireamh agus Pròiseasan Àireimh MNU 0-02a MNU 0-03a</p> <p>Uair MNU 0-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' cleachdadh <b>nam faclan</b> roimhe, às dèidh agus eadar.</li> <li>A' cleachdadh <b>àireamhan òrdail ann an co-theacsaichean fìor</b>, mar eisimpleir, 'Tha mi san treas àite san loidhne'.</li> <li>A' ceangal chleachdaidhean làitheil agus tachartasan pearsanta ri <b>sreathan ùine</b>.</li> <li>A' cleachdadh briathrachas iomchaidh nuair a thathar a' bruidhinn air tìm, a' gabhail a-steach <b>ro, às dèidh</b>, uairean, spòg nan uairean agus spòg nam mionaidean.</li> </ul>	<p>Tha briathrachas matamataigeach a tha co-cheangailte ri tìm agus sreathan air a modaladh agus air a cleachdadh nuair a thathar ag ath-aithris sgeulachdan no sgeulan traidiseanta ann an riochd-chluiche. Mar eisimpleir; <i>An toiseach</i> thog na trì mucan beaga an taighean, agus <i>às dèidh</i> sin thàinig am madadh-allaidh seachad. Tha e a' gnogadh air doras taigh na dàrna muice bige...</p> <p>Dh'fhaodadh seo a leudachadh gus ceanglaichean gu sreathan tìme a thoirt a-steach. Mar eisimpleir; <i>Anns a' mhadainn</i> chaidh na mucan beaga gus na stuthan togail aca fhaighinn. <i>Às dèidh</i> dhaibh na stuthan aca a thogail thòisich iad air na taighean aca a thogail. <i>Aig uair feasgar</i> chunnaic iad am madadh-allaidh ag imeachd mun cuairt a-muigh...</p>
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Dràma EXA 0-14a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' gabhail pàirt ann an dealbh-chluich no suidheachadh dràmach, mar eisimpleir, taisbeanadh phupaidean, <b>suidheachadh fìor no mac-meanmnach, ath-achdachdadh sgeulachd no sgeul traidiseanta</b>.</li> </ul>	




Tràth-ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Àireamh agus Pròiseasan Àireimh MNU 0-02a MNU 0-03a</p> <p>Pàtran agus Dàimhean MTH 0-13a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Nuair a thathar a' <b>cunntadh nithean</b>, tuigear gur e ainm àireamh an nì mu dheireadh a chaidh a chunntadh an t-ainm a thugadh don <b>àireamh iomlan</b> de nithean sa bhuidheann.</li> <li>A' cuimhneachadh <b>òrdugh àireamhan</b> air adhart taobh a-staigh an raoin 0 - 30, bho àireamh ainmichte sam bith</li> <li>A' cleachdadh co-fhreagartas aon-ri-aon gus àireamh shònraichte de nithean a <b>chunntadh</b> gu 20.</li> <li>A' dèanamh lethbhreac, a' leantainn agus a' cruthachadh <b>phàtranan</b> simplidh anns a bheil <b>nithean, cumaidhean</b> agus àireamhan.</li> </ul>	<p>Nuair a bhios iad a' cluich air diofar ionnsramaidean ciùil, bithear a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh na buillean, na gocan no na bragan aca a chunntadh, a' cumail ùine ris a' bhuille.</p> <p>Nuair a thathar a' rannsachadh fhuaimnean bithear a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh pàtranan simplidh a chopaigeadh, a leantainn agus a chruthachadh. Mar eisimpleir; clap, clap, stamp, clap, clap, stamp.</p> <p><a href="#">Seachdain Matamataig na h-Alba 2022 - Pasgan Bheachdan agus Brosnachaidh</a></p> <p>Nuair a bhithear ag èisteachd ri diofar stoidhlichean ciùil faodar briathrachas matamataigeach ceangailte ri pàtran, cunntadh, òrdugh agus luaths a dhealbhadh agus a chleachdadh airson cunntas a thoirt air na chluinnear. Mar eisimpleir: “tha am meur-chlàr a' cluich <i>gu sgiobalta</i>”; “Tha mi a' cluinntinn <i>ceithir</i> tapan”; “Bidh an triantan a' cluich às <i>dèidh</i> nan drumaichean”; “Tha e a' dol 1, 2, 1, 2”; “Tha e coltach ri diog, tock, diog, tock”</p> <p><a href="#">Sinc a' Chidsin (clàr-taice) - BBC Teach</a></p> <p>Faodar raon de bhun-bheachdan matamataigeach leithid cunntais, òrdachadh, òrdugh agus cleachdadh pàtrain meòir a bhith air an daingneachadh tro bhith a' gabhail pàirt ann an òrain agus rannan. <a href="#">Leabharlann Oran is Rannan - Urras Leabhraichean na h-Alba</a></p>
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Ceòl EXA 0-16a EXA 0-17a EXA 0-18a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' cleachdadh ionnsramaidean leithid druma, sgoltagan, bàr-chime airson <b>cluich còmhla</b> ri raon de stoidhlichean ciùil.</li> <li>A' roinn bheachdan agus ag èisteachd gu h-ìomchaidh ri beachdan chàich, mar eisimpleir, ag innse a bheil an ceòl <b>luath/slaodach</b> no àrd/sàmhach.</li> <li>a' cleachdadh guth airson fuaim agus <b>ruitheam</b> a rannsachadh, mar eisimpleir, dranndanaich, cagairt, seinn.</li> <li>a' taghadh diofar ionnsramaidean ciùil airson an cluich leithid bàr-chime, druma no</li> </ul>	


	ionnsramaid bodhaig, a' rannsachadh fuaim is <b>ruitheam</b> le bhith, mar eisimpleir, a' bualadh bhasan, a' dèanamh ghnogagan.	
--	---	--

## Co-theacsaichean ionnsachaidh - Ciad Ìre

Ciad Ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Tomhas MNU 1-11a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' cleachdadh eòlas air nithean làitheil gus <b>tuairmsean reusanta</b> a thoirt seachad air fad, àirde, tomad agus comas.</li> <li>A' cur <b>raon de dh'ionnsramaidean</b> gu feum ann an dòigh phongail, a' gabhail a-steach riaghladairean, maidean meatair, sgèilean didseatach agus siugaichean tomhais nuair a thathar a' tomhas fhaidean, àirdean, tomad agus comasan, <b>a' cleachdadh an ionnsramaid as freagarraiche airson na h-obrach.</b></li> </ul>	<p>Dh'fhaodadh duilgheadas dealbhaidh a thoirt do luchd-ionnsachaidh: gum feum iad frèam a dhealbhadh agus a chruthachadh airson pios obair-ealain a thaisbeanadh. Dh'fhaodadh an duilgheadas dealbhaidh iarraidh air luchd-ionnsachaidh obrachadh a rèir sònrachaidhean sònraichte co-cheangailte ri faid is àirde. Bu chòir gum bithear a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh gus ionnsramaidean tomhais a thaghadh agus a chleachdadh gu pongail.</p>
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Ealain is Dealbhadh EXA 1-03a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' taisbeanadh ìomhaighean agus nithean a chaidh a chruthachadh, mar eisimpleir, <b>a' suidheachadh frèam simplidh</b> thairis air dealbh no <b>a' cur nì air dòigh</b> air sorchan simplidh agus a' coimhead bho dhiofar</li> </ul>	

EXA 1-06a	<p>cheàrnan.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• A' fuasgladh co-dhiù aon <b>duilgheadas dealbhaidh</b> co-cheangailte ri fìor bheatha, a' sealltainn beagan fianais air planadh, mar eisimpleir, a' dealbhadh rud sìmplidh a thèid a chaitheamh air a' cheann no air a' bhodhaig.</li> </ul>	
-----------	--	---

Ciad ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Pàtranan agus Dàimhean MTH 1-13a</p> <p>Feartan chumaidhean 2D agus nithean 3D</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>A' leantainn agus a' cruthachadh phàtranan-minig</b> le cumaidhean, dealbhan agus samhlaidhean.</li> <li>• <b>A' comharrachadh co-chothromachd</b> ann am pàtrain, dealbhan, nàdar agus cumaidhean 2D.</li> <li>• <b>A; cruthachadh dhealbhan agus</b></li> </ul>	<p>Dh'fhaodadh duilgheadas dealbhaidh a bhith air a thoirt do luchd-ionnsachaidh far am feum iad pìos aodaich a chruthachadh airson adhbhar sònraichte. Dh'fhaodadh an duilgheadas dealbhaidh a bhith a' toirt a-steach mion-chomharrachaidhean co-cheangailte ri diofar bhun-bheachdan matamataig leithid meud, a' cleachdadh pàtran-minig de chumaidhean no dathan no a' toirt a-steach eileamaid de cho-chothromachd san dealbhadh aca.</p>

<p>MTH 1-16b</p> <p>Ceàrn, Co-chothromachd agus Eadar-nochdadh MTH 1-19a</p>	<p><b>dealbhaidhean co-chothromach</b> le barrachd air aon loidhne-cothromachaidh.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• A' comharrachadh eisimpleirean de leacadh san àrainneachd agus a' cleachdadh eòlas air feartan chumaidhean 2D gus <b>pàtranan leacachaidh a chruthachadh</b> a' toirt a-steach dà chumadh eadar-dhealaichte.</li> </ul>	<p>Ghabhadh briathrachas matamataigeach co-cheangailte ri cumadh, dath, co-chothromachd agus pàtran a chleachdadh nuair a thathar a' planadh agus a' toirt cunntas air dealbhaidhean.</p> 
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Ealain is Dealbhadh EXA 1-03a EXA 1-06a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• A' fuasgladh co-dhiù aon <b>duilgheadas dealbhaidh</b> co-cheangailte ri fìor bheatha, a' sealltainn beagan fianais air planadh, mar eisimpleir, a' dealbhadh rud sìmplidh a thèid a chaitheamh air a' cheann no air a' bhodhaig.</li> <li>• Ag aithneachadh agus ag ainmeachadh na mòr-chuid de na h-eileamaidean lèirsinneach: loidhne, <b>cumadh</b>, cruth, <b>dath</b>, tònna, <b>pàtran</b>, inneach.</li> <li>• A' sealltainn tuigse air <b>bun-bheachd sgèile</b>, mar eisimpleir, a' riochdachadh bheanntan nas motha na daoine.</li> </ul>	

Ciad ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>An Uair MNU 1-10c</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>A' taghadh agus a' cleachdadh nan ùineadairean</b> iomchaidh airson adhbhar sònraichte.</li> </ul>	<p>Nuair a bhios iad a' cruthachadh grunn òcaideachaidhean goirid, stèidhichte air sgeulachd ainmeil, dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh a bhith air am brosnachadh gus ùineadair iomchaidh a thaghadh agus a chleachdadh airson fad gach dràma a thomhas. Mar eisimpleir; dà mhionaid airson sealltainn de thachair an ath rud ann an sgeul traidiseanta. Deich mionaidean airson obrachadh còmhla gus deireadh an sgeòil atharrachadh, le ceathrad 's a còig diog airson am pìos seo a thaisbeanadh don chlas.</p>
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Dràma EXA 1-14a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• A' cruthachadh dràma <b>goirid</b> a' cleachdadh òcaideachadh, bho chulaidh-bhrosnachaidh shònraichte agus ag obair còmhla.</li> </ul>	

Ciad ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Àireamhan agus Pròiseasan Àireimh MNU 1-02a</p> <p>Pàtranan agus Dàimhean MTH 1-13a</p> <p>Ceàrn, Co-chothromachd agus Eadar-nochdadh MTH 1-17a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Leughadh, sgrìobhadh, òrdachadh agus <b>aithris àireamhan slàn</b> gu 1000, a' tòiseachadh bho àireamh sam bith san t-sreath.</li> <li><b>A' leantainn agus a' cruthachadh phàtranan-minig</b> le cumaidhean, dealbhan agus samhlaidhean.</li> <li>A' cleachdadh teicneòlas agus dòighean eile airson stiùireadh <b>a mhìneachadh, a leantainn</b> agus a chlàradh a' cleachdadh fhacail co-cheangailte ri <b>ceàrnan, cùrsaichean agus tionndaidhean</b> a' gabhail a-steach, cuairt iomlan, leth-chuairt, cairteal-chuairt, deiseal, tuathal, car deas, car clì, ceàrn cheart.</li> </ul>	<p>Nuair a bhithear a' rannsachadh agus a' cruthachadh diofar chruthan dannsa, broснаich luchd-ionnsachaidh sùil a chumail air sreath ghluasadan agus ruitheam a' chiùil le bhith a' cunntadh ann an tim gu na buillean.</p> <p>Dh'fhaodte briathrachas matamataigeach co-cheangailte ri cùrsaichean, tionndaidhean agus pàtranan-minig a chleachdadh airson cunntas a thoirt air an t-sreath. Mar eisimpleir;</p> <p><b>Stiùireadh Dannsa Sabhail Canèideanach Eagrachadh:</b> Nan seasamh ann an càraidean timcheall an t-seòmair, bu chòir do gach dithis a bhith a' dol deiseal,</p> <p><b>Ceuman Dannsa;</b></p> <ul style="list-style-type: none"> <li>Coisich air adhart airson trì ceumannan agus dèan lèideag.</li> <li>Coisich air ais airson trì ceumannan agus dèan lèideag.</li> <li>Gluais ri gach taobh, 4 ceumannan air falbh bho do chompanach agus buail do bhois.</li> <li>Gabh air ais gu na com-pàirtichean agad airson 4 buillean agus gabh pàirt ann an grèim seòmar-dannsa.</li> <li>Dà cheum air an taobh chli, 2 cheum air an làimh dheis.</li> <li>Ceithir leuman-ceum airson tionndadh tuathal, ann am polca, timcheall an t-seòmair airson 8 buillean.</li> </ul> <p><a href="#">Pasgan Leasain: Cunntaidhean Cèilidh</a></p>
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Dannsa EXA 1-08a EXA 1-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' cruthachadh, a' deasachadh agus a' coileanadh <b>sreathan dannsa</b> goirid, ag obair leotha fhèin agus còmhla ri daoine eile.</li> <li>A' cruthachadh ghluasadan dannsa agus <b>sreathan</b> ùra a' cleachdadh an repertoire dannsa aca, a' toirt a-steach diofar <b>luathsan</b> is ìrean, caractaran agus faireachdainnean gus ùidh agus measgachadh a chur ris.</li> <li>A' sgrùdadh <b>ruitheam</b>, gluasad agus farsaingeachd, agus a' meudachadh chothroman airson faireachdainn tro ghluasad.</li> </ul>	

	<ul style="list-style-type: none"> <li>• A' taisbeanadh tuigse air <b>cumaidhean sìmplidh</b>, leithid cearcallan no ceàrnagan, tro bhith a' gabhail pàirt ann an dannsa-buidhne.</li> </ul>	<a href="#">Dannsaichean Albannach sìmplidh   Comunn Rìoghail Dannsa Dùthchail na h-Alba (rscds.org)</a>
Ciad ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Àireamhan agus Pròiseasan Àireimh MNU 1-02a</p> <p>Bloighean, Bloighean Deicheach agus Ceudadan MNU 1-07a MTH 1-07c</p> <p>Pàtranan agus Dàimhean MTH 1-13a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Leughadh, sgrìobhadh, òrdachadh agus aithris àireamhan slàn gu 1000, a' tòiseachadh bho àireamh sam bith san t-sreath.</li> <li>• <b>Mìneachadh dè a th' ann am bloigh a' cleachdadh</b> stuthan fìor, riochdachaidhean dealbhach agus <b>briathrachas matamataigeach iomchaidh.</b></li> <li>• <b>Taisbeanadh tuigse</b> gur ann mar as motha a tha an àireamh de phàirtean co-ionann, is ann as lugha a bhios meud gach cuibhrinn.</li> <li>• A' cleachdadh firinnean iomadachaidh is roinneadh aithnichte agus ro-innleachdan eile gus bloighean aonad de àireamhan slàn a lorg, mar eisimpleir, <math>\frac{1}{2}</math> no <math>\frac{1}{4}</math>.</li> <li>• <b>A' leantainn agus a' cruthachadh phàtranan-minig</b> le cumaidhean, <b>dealbhan agus samhlaidhean.</b></li> </ul>	<p>Nuair a bhios iad a' coileanadh phàirtean agus ruitheaman sèistheil sìmplidh, bithear a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh sùil a chumail air na buillean le bhith a' cunntadh ann an tìde. Faodaidh luchd-ionnsachaidh leantainn orra le, lethbhreac a dhèanamh de agus phàtranan-minig a chruthachadh taobh a-staigh ruitheam.</p>



## Ealain Chruthachail

Ceòl  
EXA 1-16a  
EXA 1-17a

- A' coileanadh pàirt **ruitheam sìmplidh** air raon de dh'ionnsramaidean, mar eisimpleir, **a' cumail ris a' bhuille** le bhith a' cleachdadh buille-cheòl na bodhaige/buille-cheòl neo-ghleusta.
- A' coileanadh **phàirtean sìmplidh sèisteil**, mar eisimpleir, air ionnsramaid-bhuille le gleus, fideag-staoin, reacòrdair.
- A' leantainn **comharradh ciùil sìmplidh**, mar eisimpleir, ann an cruth **dhealbhan, grafaigean**, àrd-chleaf.

### Matamataig Ciùil

Bidh luchd-ciùil a' cleachdadh sgilean matamataigeach leithid cunntadh agus cluich ann an tìde. Èist ris na diofar òrain agus feuch an urrainn dhut bualadh ann an tìde le buille a' chiùil.


rannsaich buillean agus pàtrain ciùil a' cleachdadh diofar sheòrsaichean gnìomhan agus ionnsramaidean. Me; cunnt gu buille 4 a-rithist is a-rithist aig astar cunbhalach. An uairsin buail a h-uile uair a chluinneas

Cleachd samhlaidhean gus seòrsachan eile de gnìomhan a shealltainn leithid ting air 3, stampa air 4. Dèan deuchainn air diofar sheòrsaichean de phàtranan, mar eisimpleir bual, bual, ting, ting. Dh' fhaodadh seo a bhith air a leudachadh gu cunntasan de 8.

Dh'fhaodadh an gnìomh seo a bhith air a leudachadh nas fhaide le bhith a' rannsachadh a' cheangail eadar comharrachadh ciùil agus bloighean.



[Bho: Seachdain Matamataig na h-Alba - Pasgan Gnìomhachd na Ciad Ìre](#)




Faodar seo a leudachadh gus sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha comharradh ciùil simplidh ceangailte ri bloighean. Mar eisimpleir; tha aon semibribh co-ionann ri dà mhinim.

Ainm Puing-chiùil	Samhla Puing-chiùil	Luach Puing-chiùil
Semibribh		4 buillean
Minim		2 bhuilea
Croitseat		1 bhuille
Cuèbhear		$\frac{1}{2}$ de bhuille

1	2	3	4		

## Co-theacsaichean Ionnsachaidh - Dàrna Ìre

An Dàrna Ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Tomhas MNU 2-11a</p> <p>Feartan chumaidhean 2D agus nithean 3D MTH 2-16c</p> <p>Ceàrn, Co-chothromachd agus Eadar-nochdadh MTH 2-17d</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' cleachdadh <b>meud coimeasach nithean air a bheil eòlach</b> gus <b>tuairmsean reusanta a dhèanamh air faid</b>, tomad, farsaingeachd agus comas.</li> <li>A' cleachdadh theicneòlasan didseatach agus ionnsramaidean matamataigeach gus <b>cumaidhean 2D a tharraing</b> agus <b>riochdachaidhean a dhèanamh de nithean 3D</b>, a' tuigsinn nach fhaicear a h-uile pàirt den nì 3D.</li> <li><b>A' mìneachadh</b> mhapaichean, <b>modailean</b> no planaichean le <b>sgèilean sìmplidh</b>, mar eisimpleir, 1 cm:2 km.</li> </ul>	<p>Nuair a thathar a' cruthachadh ìomhaighean, bithear a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh an eòlas air meud nithean air a bheil iad eòlach a chleachdadh gus riochdan ceart a dhèanamh de chumaidhean agus nithean. Mar eisimpleir; a' tarraing dealbh sràide le bhith a' cleachdadh buaidh-astair gus doimhneachd agus fìorachas a chur ris. Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh cuideachd teicneòlasan didseatach a chleachdadh gus na h-ìomhaighean aca a chruthachadh no iarraidh orra rudan a tharraing gu sgèile.</p>  <p><a href="#">Buaidh-astair ann an tarraing agus peantadh - 2na ìre Ealain is Dealbhadh - BBC Bitesize</a></p>
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Ealain is Dealbhadh EXA 2-03a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' sealltainn tuigse air <b>bun-bheachd doimhneachd</b>, mar eisimpleir, a' sealltainn talamh aghaidh, talamh meadhanach agus talamh cùl ann an dealbh.</li> </ul>	

An Dàrna Ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Airgead MNU 2-09a MNU 2-09c</p> <p>Uair MNU 2-10a</p> <p>Dàta agus Anailis MNU 2-20a MNU 2-20b</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>A' dèanamh coimeas eadar cosgaisean agus ag obrachadh a-mach dè ghabhas ruigsinn</b> air taobh a-staigh buidseat àraid.</li> <li>• <b>A' dèanamh obrachaidhean a-mach airson airgead</b> le bhith a' cleachdadh nan ceithir obrachaidhean.</li> <li>• <b>Ag obrachadh a-mach prothaid is call gu pongail</b>, mar eisimpleir, nuair a thathar ag obair le buidseat airson gnìomhachd iomairt.</li> <li>• <b>A' cleachdadh</b> agus a' mìneachadh raon de chlàran-ama agus <b>mìosachain</b> eileagtronaigeach is pàipeir <b>gus tachartasan no gnìomhan a phlanadh</b> agus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan fìor-bheatha.</li> <li>• <b>A' dealbhadh dhòighean air dàta a chruinneachadh</b> anns an dòigh as freagarraiche airson na h-obrach a chaidh a thoirt seachad.</li> <li>• <b>A' mion-sgrùdadh, a' mìneachadh agus a' tighinn gu co-dhùnaidhean</b> bho mheasgachadh de dhàta.</li> </ul>	<p>Nuair a thathar a' sgrùdadh stiùireadh dealbhaidh, leithid dealbhadh dèideag no pacaid ùr, dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh barailean agus beachdan a chruinneachadh tro shuirbhidh. Faodar am brosnachadh gu bhith a' smaoinichadh air dè am fiosrachadh a dh'fheumas iad a chruinneachadh agus an dòigh as fheàrr air an dàta seo a chruinneachadh.</p> <p>Aon uair 's gu bheil iad air an dàta aca a chruinneachadh agus air na toraidhean a mhion-sgrùdadh dh'fhaodadh iad am fiosrachadh a chleachdadh gus fiosrachadh a thoirt do na roghainnean agus na co-dhùnaidhean a nì iad a thaobh an stiùiridh dealbhaidh aca.</p> <p>Nuair a bhios iad a' cruthachadh plana a dh'ionnsaigh an deilbh dheireannaich, dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh a bhith air am brosnachadh gus clàr-ama no mìosachan a chleachdadh gus obrachadh a dh'ionnsaigh prìomh phuingean sa phròiseas aca.</p> <p>Dh'fhaodadh seo a bhith air a leudachadh gu bhith a' toirt a-steach obrachadh a dh'ionnsaigh buidseat suidhichte airson an dealbhachaidh, agus dh'fhaodar iarraidh air luchd-ionnsachaidh coimeas a dhèanamh eadar cosgais diofar stuthan agus roghainnean gus an dealbhadh as èifeachdaiche a thaobh cosgais a lorg. Ma chuireas iad crìoch air an stiùireadh dealbhaidh</p>
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Ealain is Dealbhadh</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>A' cruthachadh plana simplidh</b> a mhìnichas mar a nì iad sgrùdadh agus leasachadh air beachdan mar fhreagairt air stiùireadh dealbhaidh.</li> </ul>	

EXA 2-06a	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>A' leantainn pròiseas ceum air cheum</b> gus beachdan a leasachadh agus a chur an cèill mar fhreagairt do stiùireadh dealbhaidh.</li> </ul>	<p>mar phàirt de ghnìomhachd iomairt dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh a bhith air am brosnachadh gus am prothaid is call a leantainn.</p> <p><a href="http://Dachaigh - Dèan Fàs air £5 (make-5-grow.co.uk)"><u>Dachaigh - Dèan Fàs air £5 (make-5-grow.co.uk)</u></a></p> <p><a href="https://yes.org.uk/programmes.php?id=5"><u>https://yes.org.uk/programmes.php?id=5</u></a></p>
-----------	---	--










An Dàrna Ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Àireamhan agus Pròiseasan Àireimh MNU 1-02a</p> <p>Ceàrn, Co-chothromachd agus Eadar-nochdadh MTH 1-17a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>A' cunntadh air adhart</b> agus air ais ann an 2an, 5an, 10an, 100an.</li> <li>• A' cleachdadh teicneòlas agus dòighean eile airson stiùireadh <b>a mhìneachadh, a leantainn</b> agus a chlàradh a' cleachdadh fhacail co-cheangailte ri <b>ceàrnan, cùrsaichean agus tionndaidhean</b> a' gabhail a-steach, cuairt iomlan, leth-chuairt, cairteal-chuairt, deiseal, tuathal, car deas, car clì, ceàrn cheart.</li> </ul>	<p>Bu chòir cànan matamataigeach co-cheangailte ri cunntadh, cùrsaichean agus tionndaidhean a chleachdadh gu soilleir airson diofar shreathan dannsa a leantainn agus a mhìneachadh.</p> <p>Dh'fhaodadh dannsaichean a bhith air an cruthachadh, air an deasachadh agus air an coileanadh mar phàirt de fhèisean agus comharrachaidhean. Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh cuideachd dannsaichean traidiseanta no mòr-chòrdte a choileanadh.</p>

<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Dannsa EXA 2-08a EXA 2-10a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• A' nochdadh <b>co-òrdanachadh</b> agus beagan smachd ann an raon de <b>ghnìomhan is sreathan dannsa</b>.</li> <li>• <b>A' cruthachadh, a' deasachadh agus a' coileanadh</b> pìos dannsa goirid bun-chruthachail, anns a bheil <b>grunn shreathan, gu ceòl no ruitheam</b>.</li> </ul>	
---	--	--

An Dàrna Ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Airgead MNU 2-09a MNU 2-09c</p> <p>An Uair MNU 2-10a</p> <p>Tomhas MNU 2-11b</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>A' dèanamh coimeas eadar cosgaisean agus ag obrachadh a-mach dè ghabhas ruigsinn</b> air taobh a-staigh buidseat àraid.</li> <li>• <b>A' dèanamh obrachaidhean a-mach airson airgead</b> le bhith a' cleachdadh nan ceithir obrachaidhean.</li> <li>• <b>Ag obrachadh a-mach prothaid is call gu pongail</b>, mar eisimpleir, nuair a thathar ag obair le buidseat airson gnìomhachd iomairt.</li> <li>• <b>A' cleachdadh</b> agus a' mìneachadh raon de chlàran-ama agus <b>mìosachain</b> eileagtronaigeach is pàipeir <b>gus tachartasan no gnìomhan a phlanadh</b> agus fuasgladh fhaighinn air duilgheadasan fìor-bheatha.</li> <li>• <b>A' taghadh an inneal tomhais as iomchaidh</b> airson gnìomh sònraichte agus a' dèanamh an obrachaidh a-mach a tha a dhìth, a' clàradh thoraidhean san aonad cheart.</li> <li>• <b>A' leughadh</b> sreath de <b>sgèilean gu ceart</b>.</li> </ul>	<p>Nuair a thathar a' cruthachadh agus a' taisbeanadh dràma [goirid] do luchd-èisteachd tha diofar eileamaidean de mhatamataig a dh'fhaodadh a bhith ceangailte ris a' phròiseas seo.</p> <p>Dh'fhaodadh seo a bhith a' toirt a-steach a bhith a' cleachdadh mìosachan no clàr-ama gus planadh a dh'ionnsaigh prìomh chinn-ama leithid an riochdachadh deireannach no ruith-thairis èidichte. Dh'fhaodadh ùineadairean a bhith air an cleachdadh cuideachd gus faighinn a-mach dè cho fada 's a tha an coileanadh agus an ùine a dh'fheumar airson ullachadh agus ruithean-thairis.</p> <p>Dh'fhaodadh gun tèid iarraidh air luchd-ionnsachaidh obrachadh le buidseat suidhichte airson eileamaidean leithid deiseachan, àrd-ùrlar no propachan. Dh'fhaodadh iad a bhith air am brosnachadh gus coimeas a dhèanamh eadar cosgaisean thar diofar luchd-reic agus solaraichean gus prìs ruigsinneach a stèidheachadh. Airson cuid de dhealbh-chluichean is taisbeanaidhean dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh coimeas a dhèanamh eadar cosgaisean diofar sheirbheisean ealain an taigh-cluiche leithid solais, ullachadh àrd-ùrlar agus fastadh fuaim.</p>
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Com-pàirteachadh ann an Cuirmean-ciùil agus Taisbeanaidhean EXA 2-01a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>A' cruthachadh dràma goirid</b>, mar phàirt de bhuidheann no leotha fhèin, a' cleachdadh ocaideachadh no sgrìobt foillsichte.</li> <li>• <b>A' taisbeanadh dràma goirid</b>, mar phàirt de bhuidheann, a' cleachdadh ocaideachadh no</li> </ul>	<p>Ma tha an dràma gu bhith air a thiogaideadh dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh bun-bheachd prothaid</p>





<p>Dràma EXA 2-12a EXA 2-14a</p>	<p>sgriobt.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>A' cleachdadh teicneòlas ealain an taigh-cluiche</b> leithid propachan, solais bhunaiteach agus fuaim gus coileanadh a mhathachadh gu h-èifeachdach, mar eisimpleir, a' taghadh ceòl iomchaidh no a' dèanamh bhuadhan fuaim gus beòthalachd a chruthachadh.</li> </ul>	<p>is call obrachadh a-mach, le bhith ag obrachadh a-mach prìsean thiogaidean, uiread an luchd-èisteachd agus an àireamh de thaisbeanaidhean.</p> <p>Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh propachan, deiseachan, pìosan an àrd-ùrlair agus an t-seata a chruthachadh airson na cuirme-ciùil/taisbeanadh a' cleachdadh an sgilean tomhais. Dh'fhaodadh seo a bhith a' toirt a-steach taghadh agus cleachdadh innealan tomhais gu ceart.</p>
--	--	--

An Dàrna Ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann												
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Bloighean, Bloighean Deicheach agus Ceudadan MNU 2-07a MTH 2-07c</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Cleachdadh eòlas air riochdan co-ionann de bhloighean cumanta</b>, bloighean deicheach agus ceudadan, mar eisimpleir, <math>\frac{3}{4} = 0.75 = 75\%</math>, airson ceistean fhuasgladh.</li> <li>• <b>Cruthachadh bhloighean co-ionann</b> agus a' cleachdadh an eòlais seo gus seata de na bloighean as cumanta a chur ann an òrdugh.</li> </ul>	<p>Nuair a bhios iad a' cruthachadh agus a' coileanadh diofar phàirtean de dh'òrain agus/no de phìosan ciùil, bithear a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh an comharradh ciùil a leantainn. Tha e cudromach gur urrainn do luchd-ionnsachaidh tim a chumail leis a' bhuille agus tuigsinn a' cheangail eadar na buillean agus am bloigh de dh'ùine a tha iad a' riochdachadh.</p>												
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Ceòl EXA 2-16a EXA 2-17a EXA 2-18a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>A' cluich òrain còmhla agus ann am pàirtean</b>, leotha fhèin no mar phàirt de bhuidheann, agus a' conaltradh faireachdainn agus caractar òrain bho raon de stoidhlichean agus chultaran, leithid òrain folk no òrain bho dhealbhan-ciùil, a' cleachdadh stiùiridhean coileanaidh iomchaidh, mar eisimpleir, mean air mhean a' fàs nas àirde/ nas sàmhaiche, agus/no <b>comharradh ciùil</b>.</li> <li>• <b>A' cluich air ionnsramaidean</b>, leotha fhèin</li> </ul>	<table border="1"> <thead> <tr> <th data-bbox="1272 970 1541 1054">Ainm Puing-chiùil</th> <th data-bbox="1541 970 1809 1054">Samhla Puing-chiùil</th> <th data-bbox="1809 970 2085 1054">Luach Puing-chiùil</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td data-bbox="1272 1054 1541 1174">Semibrìbh</td> <td data-bbox="1541 1054 1809 1174"></td> <td data-bbox="1809 1054 2085 1174">4 buillean</td> </tr> <tr> <td data-bbox="1272 1174 1541 1294">Minim</td> <td data-bbox="1541 1174 1809 1294"></td> <td data-bbox="1809 1174 2085 1294">2 bhuille</td> </tr> <tr> <td data-bbox="1272 1294 1541 1407">Croidseat</td> <td data-bbox="1541 1294 1809 1407"></td> <td data-bbox="1809 1294 2085 1407">1 bhuille</td> </tr> </tbody> </table>	Ainm Puing-chiùil	Samhla Puing-chiùil	Luach Puing-chiùil	Semibrìbh		4 buillean	Minim		2 bhuille	Croidseat		1 bhuille
Ainm Puing-chiùil	Samhla Puing-chiùil	Luach Puing-chiùil												
Semibrìbh		4 buillean												
Minim		2 bhuille												
Croidseat		1 bhuille												

no mar phàirt de bhuidheann, gus faireachdainn agus caractar pìos ciùil a chur an cèill tro, mar eisimpleir, cleachdadh daineamaigs agus faireachdainn iomchaidh.


- A' cleachdadh guth, ionnsramaidean agus teicneòlas airson ceòl a chruthachadh, a' feuchainn le timbre, mar eisimpleir, a' cleachdadh ionnsramaidean buille-chiùil gleusta/neo-ghleusta gus **fuinn agus ruitheaman simplidh a chruthachadh.**


Cuèbhear		$\frac{1}{2}$ de bhuille
Semicuèbhear		$\frac{1}{4}$ de bhuille

[Pasgan Leasain: Cèilidh Saidheans - Dealbh-ciùil nam Bloighean](#)

[Bhidio: Ciamar a tha Matamataig agus Cruthachaileachd ceangailte?](#)

Nuair a bhios iad a' cruthachadh ceòl, bu chòir do luchd-ionnsachaidh comharrachadh dè na notaichean ciùil a dh'fhaodar a chur còmhla gus fad a' bhàr ceart a chruthachadh. Mar eisimpleir, nuair a bhios iad ag obair ann an ùine-ceithir-ceithir, dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh ceithir croidseatan no aon semibrìbh no dà mhinim a chleachdadh gus toirt air bàr a mhaireadh fad 4. Tha seo an urra ri luchd-ionnsachaidh a bhith a' tuigsinn bhloighean agus a' cho-ionannachd a tha co-cheangailte riutha.



		
--	--	---

## Co-theacsaichean Ionnsachaidh – Treas agus Ceathramh Ìrean

Bu chòir na h-eisimpleirean a tha san roinn seo a chleachdadh mar mholaidhean agus tha e cudromach gan atharrachadh gus am bi iad freagarrach don luchd-ionnsachaidh leis a bheil sibh ag obair.

Treas / Ceathramh Ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Airgead MNU 3-09a MNU 3-09b</p> <p>An Uair MNU 4-10a</p> <p>Dàta agus Anailis MNU 3-20a MTH 3-20b MTH 3-21a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>A' taghadh an luach as fheàrr</b> airson an t-suidheachaidh phearsanta aca agus <b>a' fireanachadh taghaidhean.</b></li> <li>• <b>A' buidseatadh gu h-èifeachdach</b>, le bhith a' cleachdadh teicneòlas didseatach far a bheil e freagarrach, a' taisbeanadh gu bheil a' leasachadh comasachd ionmhasail.</li> <li>• A' cleachdadh obrachaidhean a-mach airson taic a thoirt do <b>choimeasan, co-dhùnidhean agus roghainnean.</b></li> <li>• A' nochdadh <b>sgilean stiùireadh tìde èifeachdach</b>, mar eisimpleir, ag obair le diofar roinnean-tìde no <b>a' dèanamh phlanaichean</b>, a' gabhail a-steach thar meadhan-oidhche.</li> <li>• A' lorg fiosrachadh no <b>a' tionail dàta</b> le bhith a' cleachdadh teicneòlas didseatach far a bheil seo iomchaidh.</li> <li>• <b>Ag eadar-mhìneachadh dàta</b> a fhuaradh no a chaidh a thoirt seachad.</li> <li>• A' cruinneachadh dàta le bhith <b>a' taghadh</b></li> </ul>	<p>Nuair a bhios iad a' cruthachadh plana airson obrachadh gu siostamataigeach tron stiùireadh dealbhaidh, bu chòir do luchd-ionnsachaidh beachdachadh air prìomh phuingeann sa phròiseas agus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' planadh ùine gu leòr airson iad sin a choileanadh.</p> <p>Nuair a thathar a' sgrùdadh stiùireadh dealbhaidh, bu chòir do luchd-ionnsachaidh beachdachadh air mar a chruinneachas iad barailean agus beachdan mar phàirt den rannsachadh aca. Faodar am brosnachadh gu bhith a' smaoinneachadh air dè am fiosrachadh a dh'fheumas iad a chruinneachadh, cuin a dh'fheumas iad seo a chruinneachadh, cò a bu chòir faighneachd agus an dòigh as fheàrr air an dàta seo a chruinneachadh. Dh'fhaodadh seo a bhith a thaobh ro-shamhlaidhean, roghainnean no sampallan de dhealbhadh.</p> <p>Mar a bhios dàta air a chruinneachadh agus air a mhion-sgrùdadh bu chòir na toraidhean a chleachdadh airson measadh agus fiosrachadh a thoirt do na roghainnean agus na co-dhùnidhean a nì luchd-ionnsachaidh a thaobh an stiùireadh dealbhaidh aca.</p> <p>Dh'fhaodadh cuideachd buidseat suidhichte a thoirt do</p>

	<p><b>sampall riochdachail</b> gus clonadh a sheachnadh.</p>	<p>luchd-ionnsachaidh airson obrachadh leis, gam brosnachadh gus coimeas a dhèanamh eadar cosgaisean diofar stuthan agus ghòireasan agus beachdachadh air an àireamh de stuthan a bhios a dhìth gus diofar shamhlaichean agus/no ro-shamhlaidhean a chruthachadh.</p> <p>Faodar cuideachd prìs targaid a thoirt do luchd-ionnsachaidh, mar eisimpleir dealbhaich geama-bùird ùr a chosgais nas lugha na £5 ri dhèanamh. Tha seo a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh gu bhith a' beachdachadh air na diofar sheòrsaichean stuthan agus ghòireasan a dh'fhaodar a chleachdadh agus na roghainnean aca fhèin a chleachdadh.</p>
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Ealain is Dealbhadh EXA 3-02a EXA 3-04a EXA 3-06a EXA 4-03a EXA 4-06a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>A' rannsachadh, a' leasachadh agus a' conaltradh fuasgladh do stiùireadh - dealbhaidh le bhith ag obair tro phròiseas.</b></li> <li>• A' rannsachadh, a' leasachadh agus a' conaltradh fhuasglaidhean do <b>stiùireadh</b> dealbhaidh le bhith ag obair gu neo-eisimeileach agus gu sìostamataigeach tro phròiseas.</li> <li>• A' luachadh agus a' tighinn gu breithneachadh fiosraichte mu dè tha ag obair gu math agus dè dh'fhaodadh a bhith air a leasachadh no eadar-dhealaichte nan obair fhèin agus obair dhaoine eile, a' cleachdadh briathrachas ealain is dealbhaidh iomchaidh gu cunbhalach.</li> <li>• A' taghadh gu neo-eisimeileach agus a' cleachdadh mheadhanan agus dhòighean-obrach, a' toirt adhbharan airson an roghainnean.</li> </ul>	

Treas / Ceathramh Ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Matamataig – a' bhuaidh a th' aige air an t-saoghal a th' ann, a bh' ann agus a tha ri teachd MTH 4-12a</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' cur ri còmhraidhean agus taisbeanaidhean air <b>àite matamataig ann am beatha làitheil agus san àite-obrach.</b></li> <li>A' sgrùdadh nan <b>sgilean matamataigeach a tha riatanach airson raon de dhreuchdan</b>, a' gabhail a-steach an fheadhainn ann an cuspairean STEM.</li> </ul>	<p>Nuair a bhios iad a' luachadh agus a' cleachdadh diofar ealain riochdachaidh leithid solais, propachan, àrd-ùrlar agus deise dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh a bhith air am brosnachadh gus beachdachadh air na diofar sgilean matamataigeach a thathas a' cleachdadh annta.</p> <p>Dh'fhaodadh seo a bhith a' toirt a-steach ceangal ri com-pàirtichean gnìomhachais ionadail gus sgrùdadh a dhèanamh air mar a tha matamataig air a chleachdadh ann an dreuchdan teicnigeach an taigh-chluiche.</p>
<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Dannsa EXA 4-11a EXA 4-14b</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>A' luachadh taobhan teicnigeach den obair aca fhèin agus obair dhaoine eile, <b>a' gabhail a-steach proifeiseantaich</b>, mar eisimpleir, a' sealltainn tuigse air mar a thathar a' cleachdadh brosnachadh mar togail-inntinn gus stòr gluasad a chruthachadh, a ghabhas a dhèanamh a-rithist, atharrachadh no fhreagarrachadh.</li> <li>A' cur an gnìomh teicneòlas ealain an taigh-chluiche gu h-èifeachdach, a' taisbeanadh tuigse air mar a ghabhas coileanadh a leasachadh le, mar eisimpleir, <b>solais, deiseachan, maise-gnùis agus propachan;</b></li> </ul>	<p><b>Leasachadh an Sgioba-obrach Òg Inbhean Foghlam Dreuchd (3-18)</b> <a href="#">Inbhean Foghlam Dreuchd (3-18) An t-Sultain 2015</a></p> <p><b>Mo Shaoghal Obrach</b> <a href="#">Roghainnean cuspair (Na h-Ealain Chruthachail)   Mo Shaoghal Obrach</a> <a href="#">Roghainnean cuspair (Dannsa)   Mo Shaoghal Obrach</a></p> <p><b>Tosgairan STEM</b> <a href="#">Tosgairan STEM   Alba   Tosgairan STEM ann an Alba.</a></p>

Treas / Ceathramh ìre	Slatan-tomhais	Co-theacsaichean Ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann
<p><b>Matamataig agus Àireamhachd</b></p> <p>Airgead MNU 3-09a MNU 3-09b</p> <p>An Uair MNU 4-10a</p> <p>Tomhas MNU 3-11a MNU 4-11a</p> <p>Ceàrn, Co- chothromachd agus Eadar-nochdadh MTH 3-17c</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• A' nochdadh <b>tuigse air luach as fheàrr</b> a thaobh chùmhnanntan is seirbheisean <b>nuair a thathar a' dèanamh coimeas eadar nithean.</b></li> <li>• <b>A' buidseatadh gu h-èifeachdach</b>, le bhith a' cleachdadh teicneòlas didseatach far a bheil e freagarrach, a' taisbeanadh gu bheil a' leasachadh comasachd ionmhasail.</li> <li>• A' cleachdadh obrachaidhean a-mach airson taic a thoirt do <b>choimeasan, co-dhùnaidhean agus roghainnean.</b></li> <li>• A' nochdadh <b>sgilean stiùireadh tìde èifeachdach</b>, mar eisimpleir, ag obair le diofar roinnean-tìde no <b>a' dèanamh phlanaichean</b>, a' gabhail a-steach thar meadhan-soidhche.</li> <li>• <b>A' taghadh aonadan iomchaidh</b> airson faid, farsaingeachd agus tomhas-lìonaidh <b>nuair a thathar a' fuasgladh cheistean practaigeach.</b></li> <li>• A' cleachdadh chùrsaichean-ceàrna ann an co-theacs seòlaidh, a' gabhail <b>a-steach cruthachadh dhealbhan-sgèile.</b></li> </ul>	<p>Nuair a thathar a' cruthachadh agus a' taisbeanadh dràma do luchd-èisteachd tha diofar eileamaidean de mhatamataig a dh'fhaodadh a bhith ceangailte ri seo.</p> <p>Dh'fhaodadh seo a bhith a' toirt a-steach cruthachadh clàr-ama riochdachaidh gus prìomh chinn-ama a ghabhail a-steach leithid ùine an ruith-thairis, an ruith-thairis èidichte agus na taisbeanaidhean deireannach.</p> <p>Dh'fhaodadh gun tèid iarraidh air luchd-ionnsachaidh obrachadh le buidseat suidhichte airson eileamaidean leithid deiseachan, àrd-ùrlar no propachan. Bheireadh seo cothrom dhaibh coimeas a dhèanamh eadar cosgaisean thar diofar luchd-reic agus solaraichean gus an luach as fheàrr fhìreanachadh. Airson cuid de choileanaidhean dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh coimeas a dhèanamh eadar cosgaisean diofar sheirbheisean ealain an taigh-chluiche leithid solais, ullachadh àrd-ùrlair agus fastadh fuaim.</p> <p>Ma tha an coileanadh gu bhith air a thiogaideadh dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh beachdachadh air na dòighean as fheàrr gus dèanamh cinnteach à prothaidean as àirde, le bhith a' tomhas a' chaiteachais ris a bheil dùil agus a' beachdachadh air prìsean thiogaidean, uiread an luchd-èisteachd agus an àireamh</p>



<p><b>Ealain Chruthachail</b></p> <p>Com-pàirteachadh ann an Cuirmean-ciùil agus Taisbeanaidhean EXA 3-01a EXA 4-01a</p> <p>Dràma EXA 3-14a EXA 4-13a EXA 4-14a EXA 4-14b</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>A' taisbeanadh dràma do luchd-èisteachd airson diofar adhbharan</b>, mar eisimpleir, airson dibhearsain, fiosrachadh, teachdaireachd a chur an cèill, cùis a sgrùdadh.</li> <li>• <b>A' cruthachadh dràmathan airson diofar adhbharan agus luchd-èisteachd</b>, a' feuchainn diofar ghnèithean, chruthan, structaran agus stoidhlichean.</li> <li>• A' meòrachadh gu h-èifeachdach air beachdan, <b>a' gabhail a-steach beachdan airson sgilean riochdachaidh a chleachdadh</b> a thaobh, mar eisimpleir, solais, fuaim, propachan, maise-gnùis agus falt, <b>gus dràma a leasachadh no a mhathachadh</b>, a' cleachdadh briathrachas dràma iomchaidh.</li> <li>• <b>A' cur an gnìomh teicneòlas ealain an taigh-chluiche agus goireasan dealbhaidh gu h-èifeachdach</b> ri bun-bheachd aontaichte gus faireachdainn agus beòthalachd a chruthachadh agus a mhathachadh, mar eisimpleir, tro bhith a' cleachdadh fuaim, solais, deiseachan, propachan, maise-gnùise agus falt an àrd-ùrlair.</li> </ul>	<p>de thaisbeanaidhean.</p> <p>Dh'fhaodadh luchd-ionnsachaidh propachan, deiseachan, pìosan an àrd-ùrlair agus an t-seata a chruthachadh airson a' chuirmean-ciùil/taisbeanadh a' cleachdadh an sgilean tomhais. Dh'fhaodadh seo gabhail a-steach tomhas ceart anns na h-aonadan iomchaidh.</p> <p>Dh'fhaodadh an luchd-ionnsachaidh cuideachd dealbhadh seata a chruthachadh le bhith a' tomhas meud an àrd-ùrlair gu ceart agus an uair sin ag athchruthachadh seo mar dhealbhan sgèile.</p>
---	---	--

## Ceanglaichean an eadar-lìn

Eòlasan is Builean nan Ealan Cruthachail

<https://education.gov.scot/Documents/expressive-arts-eo-gaelic.doc>

<https://education.gov.scot/Documents/expressive-arts-eo.doc>

Slatan-tomhais nan Ealan Cruthachail

<https://education.gov.scot/improvement/Documents/BenchmarksforExpressiveArtsGaelic.docx>

<https://education.gov.scot/nih/Documents/ExpressiveArtsBenchmarksWord.docx>

Àireamhachd mar Dhleastanas aig a h-Uile

<https://education.gov.scot/Documents/numeracy-across-learning-eo.doc>

Eòlasan is Builean Àireamhachd agus Matamataig

<https://education.gov.scot/Documents/numeracy-maths-eo-gaelic.doc>

<https://education.gov.scot/Documents/numeracy-maths-eo.doc>

Slatan-tomhais Àireamhachd agus Matamataig

<https://education.gov.scot/nih/Documents/NumeracyMathematicsBenchmarksGaelicVersion.doc>

<https://education.gov.scot/nih/Documents/NumeracyMathematicsBenchmarks.docx>

Leasachadh an Sgioba-obrach Òg Inbhean Foghlam Dreuchd (3-18)

[Career Standards \(Gaelic version\) Inbhe Foghlam Dhreuchdan \(3-18\) \(education.gov.scot\)](https://education.gov.scot/CareerStandardsGaelicVersionInbheFoghlamDhreuchdan3-18)

<https://education.gov.scot/media/0nffvlwr/dyw2-career-education-standard-0915.pdf>

Le taing do ar com-pàirtichean airson nan ceanglaichean taobh a-muigh:

BBC Teach, Seachdain Matamataig na h-Alba, Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba, Comann Dannsa Dùthchail Rìoghail na h-Alba agus Urras Leabhraichean na h-Alba.

**Foghlam Alba**

Taigh Denholm

Pàirc Gnothachais Almondvale

Slighe Almondvale

Baile Dhunlèibhe EH54 6GA

F +44 (0)131 244 4330

P-d [enquiries@education.scot.nhs.uk](mailto:enquiries@education.scot.nhs.uk)

[www.education.gov.scot](http://www.education.gov.scot)